

# An nighean bheag agus am mathan



Air ath-innse le James Riordan  
Na dealbhan Alex Ayliffe  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



# Caibideil 1

Uair a bha siud bha nighean bheag  
a' fuireach ann an taigh faisg air coille.  
Latha bha siud thuirte an nighean ri a  
màthair agus ri a h-athair, “Am faod mise  
dhol a chluich dhan choille?”

“Faodaidh,” thuirte iadsan, “ach na tèid ro  
fhada air falbh.”

Mar sin, ruith an nighean bheag air falbh  
a chluich sa choille.





Lean i am frith-rathad agus leum i thairis  
air bun craoibhe a bha san rathad oirre.  
Bha an latha glè theth agus dh'fhàs i sgìth.  
Shuidh i sìos air an fheur agus choimhead i  
mu chuairt air na craobhan agus na  
flùraichean àlainn.  
Thòisich i an uair sin air beagan  
fhlùraichean a bhuaib.

Chaidh an nighean bheag na b' fhaide agus na b' fhaide a-steach dhan choille. Bha i cho toilichte a' buain nam flùraichean agus nach robh i a' coimhead far an robh i a' dol.

Nuair a thug i sùil mu chuairt oirre thuig i gun robh i a-nis air chall.

“Cuidich mi! Cuidich mi!” dh'èigh i, ach bha i air a dhol ro fhada a-steach dhan choille agus cha chuala duine i.





Chlisg i nuair a chuala i fuaim air a cùlaibh.  
Thionndaidh i agus an sin bha mathan mòr  
ruadh.

Rinn am mathan gàire ris an nighinn bhig.  
“Seadh, seadh, a nighean bheag,” ars esan.  
“Tha mise air a bhith a’ coimhead airson  
cuideigin gus obair-taighe dhèanamh dhomh.  
Tugainn dhachaigh còmhla rium.”

Rug am mathan air gàirdean na h-ìghne  
bighe agus shlaod e leis dhachaigh i.

Cho luath 's a ràinig iad taigh a' mhathain  
dh'innis e dhan nighinn na rudan  
a dh'fheumadh i dhèanamh.

“Glan an t-ùrlar, càirich mo leabaidh, dèan  
an dinnear agus gearr fiodh airson an teine,  
air neo ithidh mi thu.”

Bha an nighean bheag air chrith leis an  
eagal.



Cha robh i airson obrachadh dhan mhathan ach cha b' aithne dhi an rathad dhachaigh, agus bha eagal oirre gun itheadh e i. Mar sin cha robh i ach a' glanadh agus a' còcaireachd dhan mhathan a h-uile latha. Ach fad na h-ùine bha i a' smaoinichadh air dòigh airson faighinn dhachaigh.



Aon latha brèagha thuir i ris a mhathan,  
“Tha mi airson bonnaich a thoirt gum  
mhàthair agus m’ athair, gus am bi fios aca  
gu bheil mi gu math.”

“Cha toir! Cha toir!” ars am mathan.

“Chan eil mise gòrach. Cha till thu ma  
dh’fhalbhas tu.”

Ach lean an nighean bheag oirre ag iarraidh  
agus ag iarraidh. Mu dheireadh thuir am  
mathan, “Bheir mi fhèin bonnaich gud  
mhàthair agus d’ athair sa mhadainn.”

Sin dìreach a bha an nighean  
bheag ag iarraidh.





Thòisich an nighean bheag air bèiceireachd.

Mu dheireadh bha bonnaich gu leòr aice.

“Cuiridh mi na bonnaich sa bhasgaid seo,”  
thuirt i ris a’ mhathan.

“Nuair a dh’fhalbhas tu sreapaidh mise  
gu mullach an taighe agus chì mi thu gus an  
ruig thu an taigh aca.”

“Seadh, seadh,” ars am mathan.



Cho luath 's a chaidh am mathan a chadal  
an oidhche sin, shreap an nighean bheag gu  
mullach an taighe agus rinn i crois le  
maidean.

Chuir i a h-ad, a còta agus a stoc air a' chrois.

An uair sin shreap an  
nighean bheag dhan  
bhasgaid agus  
dh'fhalaich i fo  
thruinnsear nam  
bonnach.





## Caibideil 2

Sa mhadainn nuair  
a dhùisg am mathan  
chunnaic e a' bhasgaid  
le na bonnaich.



Thog e air a dhruim i agus a-mach a  
dh'fhalbh e gu sunndach tron choille.  
Bha an latha blàth agus bha a' bhasgaid  
uabhasach trom. Cha b' fhada gus an  
robh am mathan glè sgìth agus glè theth.  
Shuidh e sìos fo chraoibh agus smaoinich e,  
'Chòrdadh bonnach rium.' Chuir e a spòg  
air a' bhasgaid ach chuala e guth beag,  
"Na ith na bonnaich!"





“Tha siud coltach ri guth na h-ìghne bige,”  
thuirt am mathan.

Thug e sùil air ais air an taigh.

Chunnaic e an nighean bheag  
air a’ mhullach.

“Obh, obh, nach e a sùilean  
a tha mòr,” thuirt e, agus  
chùm e air an t-slighe.



Choisich agus choisich  
am mathan agus thòisich  
i a' sileadh.



“Och, gheibh mi fasgadh  
fon chraoibh seo agus ithidh  
mi bonnach,” thuirt e.

“Chan fhaic an nighean bheag mi a-nis.  
Tha mi ro fhada air falbh.”

Ach cho luath 's a shuidh e chuala e guth,  
“Na ith na bonnaich. Tha mi gad fhaicinn.”






Choimhead am mathan air ais air an taigh.  
Air èiginn chitheadh e an nighean bheag  
air a' mhullach.

“Obh! Obh! Nach e  
a sùilean a tha mòr,”  
thuirt e agus chùm e  
air an t-slighe.





## Caibideil 3

Mu dheireadh thàinig

am mathan a-mach às a' choille.

Choisich e sìos an rathad agus ràinig e

taigh na h-ìghne bige.

Dh'fhosgail e an geata, choisich e chun

an dorais agus chuir e sìos a' bhasgaid le

na bonnaich.

“Bheil duine a-staigh?” dh'èigh e.

“Tha bonnaich agam dhuibh

on nighinn bhig agaibh.”



Cho luath 's a chuala coin a' bhaile am mathan ag èigheach, thàinig iad nan ruith às a dhèidh. Mach a dh'fhalbh am mathan na ruith air ais dhan choille.

Bha e glè ghreannach.

“Nuair a gheibh mise dhachaigh bheir mise air an nighinn bhig ud! 'S ise as coireach ris an seo,” thuirt e.

“Tha mi air a bhith ro chòir rithe.”






Chuala màthair agus athair na h-ìghne bige comhartaich nan con a bha a' ruith às dèidh a' mhathain, agus dh'fhosgail iad an doras.

“Dè tha seo?” ars a h-athair nuair a chunnaic e a' bhasgaid. Dh'fhosgail e a' bhasgaid agus chunnaic e na bonnaich. 'S ann a chuala e gàire beag an uair sin. Thòisich na bonnaich a' gluasad agus siud, leum an nighean bheag a-mach.








Dh’innis an nighean bheag dha màthair agus dha h-athair mun mhathan mhòr ruadh, an taigh a bh’ aige sa choille agus mu na bonnaich a rinn i.

An uair sin dh’innis i dhaibh le gàire beag, mar a thug i air a’ mhathan a giùlan fad an rathaid dhachaigh.

“Nach bu tu an nighean bheag ghlic,” ars a màthair, agus thug i pòg dhi.



## Caibideil 4

Nuair a ràinig am mathan dhachaigh  
bha e uabhasach greannach. Dh'èigh e ris  
an nighinn bhig air mullach an taighe,  
“Thig a-nuas. Dèan mo dhinnear dhomh.  
Tha an t-acras orm.”

Ach cha do ghluais an nighean bheag.  
Shreap am mathan suas gu mullach an  
taighe. Shreap am mathan suas chun na  
h-ìghne bige agus shlaod e an ad dhith.



Às dèidh sin shlaod e dhith a còta agus a stoc agus chunnaic e nach b' e an nighean bheag a bha ann idir. Cha robh ann ach crois mhaide. Rinn am mathan dranndan cho cruaidh agus gun cuala an nighean bheag, a màthair agus a h-athair e aig taobh thall na coille. “Nach bu mhi an t-amadan,” ars am mathan. “Bha an nighean bheag ud ro charach air mo shon.”





On latha sin, bhiodh an nighean bheag  
a' cluich faisg air an taigh aice fhèin agus  
cha deach i gu bràth tuilleadh dhan choille.



Cha robh aig a' mhathan mhòr ruadh ach  
an obair-taighe a dhèanamh e fhèin.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© James Riordan 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha James Riordan a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 654 6